

UHI Research Database pdf download summary

Briathrachas Beatha nam Ban

Cheape, Hugh

Published in:
Rannsachadh na Gàidhlig 10 (2018)

Publication date:
2019

The Document Version you have downloaded here is:
Peer reviewed version

[Link to author version on UHI Research Database](#)

Citation for published version (APA):
Cheape, H. (2019). Briathrachas Beatha nam Ban. In *Rannsachadh na Gàidhlig 10 (2018)* Dunedin Academic Press, Edinburgh.

General rights

Copyright and moral rights for the publications made accessible in the UHI Research Database are retained by the authors and/or other copyright owners and it is a condition of accessing publications that users recognise and abide by the legal requirements associated with these rights:

- 1) Users may download and print one copy of any publication from the UHI Research Database for the purpose of private study or research.
- 2) You may not further distribute the material or use it for any profit-making activity or commercial gain
- 3) You may freely distribute the URL identifying the publication in the UHI Research Database

Take down policy

If you believe that this document breaches copyright please contact us at RO@uhi.ac.uk providing details; we will remove access to the work immediately and investigate your claim.

Briathrachas Beatha nam Ban

Hugh Cheape

Sabhal Mòr Ostaig

Airson linntean tha daoine air a bhith a' sònrachadh eadar-dhealachaidhean eadar beatha bhoireannach agus beatha fhireannach le bhith a' tarraing air briathrachas gnàthaichte mu bheòshlaint agus mu bheatha làitheil an t-sluaigh. Air cùl a' bhriathrachais, gheibhear am bun-bheachd cultar dùthchasach no *material culture*. Tha am bun-bheachd seo a' toirt dhuinn cothrom mìneachadh a dhèanamh agus barrachd tuigse a ruigsinn mun bhriathrachas fhèin. Ann a bhith a' tomhais nan eadar-dhealachaidhean, gu bitheanta an-diugh bidh daoine a' togail ceist mu chòir agus eucoir: gu dè an inbhe a bha aig boireannaich ann an coluadar 'prìomh-athaireil' anns an robh raointean-beatha farsaing far an robh iad fo smachd, air an cuingealachadh aig ìre na b' ìsle. Chan i seo a' cheist buileach a bhios fainear dhuinn san aiste seo, ged a bhios i air cùl a' chonaltraidh, leis mar a tha i air cridhe ceistean eile mu ideòlas agus mu cho-ionannachd, mu mar is còir 'Cothrom na Fèinne' a bhith aig gach neach.

Cha do choisinn briathrachas a' chultair dhùthchasaich meas agus cliù am measg sgoilearan an fhicheadamh linn. Chì sinn, ge-tà, gun robh bana-bhàrd ga chleachdadh mu 1872 mar shamhla air an eilean far an do rugadh i agus air an sgìre far an deach a h-àrach: Snàitheasort, eadar Bràcadail agus Caolas Ratharsair. Sheinn Màiri nighean Iain Bhàin, air neo, mar as fheàrr a dh'aithnichear an-diugh i, Màiri Mhòr nan Òran:

'Nuair thigeadh an Fheill-Màrtainn,
 'S an sprèidh 's am bàrr air dòigh,
 Na fir a' deanamh càinnteig,
 'S na plàtaichean na 'n tòrr;
 Ri taobh na brìg bhuntàta,
 Bhiodh barail' làn de dh' fheòil,
 Siud mar chaidh ar n-àrach,

Ann an Eilean àrd a' Cheò (MacBheathain 1891, 6).

Ann an sealladh na bana-bhàird, b' e saoghal eile a bh' ann, le faclan às an dual-chainnt aice fhèin a tha a-nis air dhol à bith, leithid 'càinnteg' agus 'brig', agus faclan bàrdachd nach cluinnear ach ainneamh an diugh (Robertson 1899, 88). Bu dual dhi dùbhlán a thoirt don mhòr-shluagh anns na h-òrain aice mu chor nan daoine agus mun eucoir a dh'fhuiling na Gàidheil, le tarraing dheas-chainnteach a bha an dà chuid a' coimhead air adhart, agus a' tionndadh mun cuairt cuibhle an fhortain aig na boireannaich aon uair eile. Cha robh cothrom cosnadh ann do boireannaich aig an àm ach ann a bhith a' cutadh an sgadain, a bhith air falbh fad ùine air mhuinntireas, no a bhith ag obair mar bhanaltraman air Tìr Mòr. Dh'fhaodadh gun robh barailean Màiri Mhòr mar fhreagairt do dhroch bheachdan meallta aig an robh buaidh shoilleir fhathast air beatha nam boireannach (faic Scott 2013). Ann an 1897 sgrìobh an t-Urr Iain MacRuairidh, ministear Eaglais Shnàitheasort, airteagal air 'Seana bheachdan agus seana chleachdaidhean' dha ballrachd Comunn Gàidhlig Inbhir-Nis. Am measg chuspairean far an robh e a' tarraing an dà chuid air cleachdaidhean agus creideasan, bha e a-mach air an sgaradh eadar obair nam ban agus obair nam fear. Bha e làidir nach robh a leithid de bheachd aige fhèin, ach tha e ag innse dhuinn mun t-suidheachadh a bh' aca uair dha robh saoghal, mun t-seòrsa de phoilitigs gnèitheasach a bh' aca. Chithear nach robh na fir an urra ri mòran anns an t-saoghal seo:

Anns an àm a dh'fhalbh bha e air a mheas mar ghnothach nàrach, tàmailteach do dh' fhear sam bith làmh a chur ann an obair sam bith a bha mnathan a' cleachdadh a bhith 'dèanamh. Bha 'h-obair fhèin aig a' mhnaoi, agus 'obair fhèin aig an fhear. B' e obair an fhir a bhith gu treun, duineil a' saothreachadh, air muir 's air tìr, a chum biadh is aodach is caiseart a chumail ris fhèin 's ri 'theaghlach. Agus b' e obair na mnà gach nì bhuineadh don taigh a chumail an òrdugh. Dh' fheumadh i am biadh a dheasachadh, na leapannan a chàradh, an crodh a bhleodhan, an t-ìm 's an càise a dhèanamh, na laoigh a bhiathadh, a' chlàimh a chìreadh 's a chàrdadh 's a shnìomh, an clò a luadh, na stocainnean fhighheadh 's a chàradh, agus mar sin sìos. Cha chuireadh fear sam bith aig am biodh a' bheag de mheas air fhèin a làmh fo mhart

gus a bleodhan, no idir ann an ìm no 'n gruth; agus mu dheidhinn suidh air beairt-fhighe, 's i an obair mu dheireadh anns an cuireadh e làmh (MacRury 1897, 370).

Thathas a' tuigsinn bho sheanchas a' mhinisteir gun robh obair shònraichte aig na boireannaich agus, fo ar sealladh san latha an-diugh, gun tigeadh atharrachadh mòr ann am beatha nam ban tron fhicheadamh linn. Thathas a' tuigsinn cuideachd gu bheil tòrr briathrachais ann a bhios mar fhianais air atharrachaidhean sòisealta agus eaconamach ri ar linn fhìn. Gu dearbh, tha e na fhianais air na h-atharrachaidhean nach chluinnear na faclan ud an diugh.

B' àbhaist don bhriathrachas làitheil a tha fainear dhuinn an seo a bhith an ìre mhath taobh a-muigh raon-sgrùdaidh sàr-sgoilearan na Ceiltis: dh'fhaodadh sinn smaoineachadh mu chòmhradh mun tìde, mu theachd-an-tìr agus mu dhòighean obrach, mu ciamar a bhiodh daoine a' cumail beò tro làithean a' gheamhraidh, uaireannan fo bhuidhe goirt is gainneid, agus mu gu leòr de chuspairean eile nach tigeadh fo ghlainne-amhairc nan sgoilearan mòra. Cha do dh'atharraich an sealladh seo mòran ro ar latha fhèin, nuair a thàinig feabhas air obair-leasachaidh agus obair-dheasachaidh nam faclair, pròiseas a ràinig an làn-ìre le *Faclair na Gàidhlig* agus leis an t-saoibhreas a tha ri fhaighinn anns an 'Dachaigh airson Stòras na Gàidhlig' no DASG.

Ged nach robh na còmhradh gnàthas-cainnteach seo fo aire nan sgoilearan aig an àm, fhathast dheidheadh am briathrachas làitheil àbhaisteach seo a chur gu feum far an robh Gàidheil ri seanchas agus ri togail pinn tron naoidheamh linn deug. 'S i seo an fhianais a tha fainear dhuinn an seo. B' ann anns an linn seo a ràinig ginealach ùr de Ghàidheil làn inbhe, aig an robh comas-sgrìobhaidh agus comas-leughaidh sa Ghàidhlig air sgàth an oideachais a fhuair iad anns na Sgoiltean Gàidhlig, co-dhiù gus an deach casg a chur orra le Achd an Fhoghlaim (Alba) 1872 (Durkacz 1983, 175-82). Leis an ionnsachadh a chaidh a bhuileachadh orra anns na Sgoiltean Gàidhlig, thòisich mòran ri bhith a' sgrìobhadh gu tionnsgalach ann an dòigh ùir is annasaich, agus cothrom leughaidh a' sgaoileadh air feadh na dùthcha. Gu h-àbhaisteach cha bhiodh leabhraichean aig na sgoiltean seach an Sgrìobtair agus Leabhraichean nan Ceist. Cha robh an clàr-oideachaidh a' sìneadh seachad air leughadh, sgrìobhadh, agus cunntas, ach bha na sgoiltean cho comasach gun do choisinn iad moladh gu leòr, agus misneachd leis. A-rèir cuid de bheachdan, b' ann le meas agus le tlachd a bha

cuimhne tidsearan nan Sgoiltean Gàidhlig air a glèidheadh aig gach sgoilear a bha fon teagasg (Mackinnon 1874, 335).

Tha sgrìobhaidhean agus iomraidhean dhen gnè thionnsgalaich seo rim faicinn anns an àireimh fhàsmhoir de phàipearan-naidheachd agus de dh'irisean beaga Gàidhlig anns an dàrna leth den naoidheamh linn deug. Thàinig an leasachadh seo gu bith mar thoradh air mar a dh'atharraich Pàrlamaid Bhreatainn laghan na rìoghachd le reachdan a chuir às do chis shanasan agus sanasachd ann an 1853, do chis pàipeir fo Achd na Stampa ann an 1855, agus gu dearbh do gach uile cìs air pàipear ann an 1861 (Donaldson 1986, 1–34). Chuir na reachdan seo gu mòr ri beatha shòisealta agus eaconamach na dùthcha air fad, agus gu deimhinnte, thug iad cothrom cudromach buadhmhor don chànan. Gu h-obann nochd na dròbhaichean de luchd-leughaidh aig an robh a' Ghàidhlig mar phrìomh chànan, agus as aonais eòlais aca air oideachas dà-chànanach (MacLeòid 1981, 332).

Thathas ag ràdh gun deach mu 90,000 neach is a chòrr tro shiostaman nan sgoiltean, le taic bho Chomann Albannach Craobh-sgaoileadh an Eòlais Chrìosdail (air neo *SSPCK*), bho Eaglais na h-Alba agus bhon Eaglais Shaoir, agus bho na buidhnean a chuir 'Sgoiltean na Leddies' air chois. Anns na bliadhnaichean seo, dh'èirich am beachd, leis mar a bha comas-leughaidh aig àireamh cho mòr de dhaoine, gun robh feum aig a' mhòr-shluagh a-rèiste air stuth-leughaidh aon-chananach – feum nach robh idir suarach! Aig an aon àm, thàinig buaidh eile bho shaoghal nam poilitigs far an robh luchd naidheachd a' taobhadh ris na croitearan ann an 'aimhreit an fhearainn', agus a' brosnachadh na tuatha a bhith a' seasamh an aghaidh nan uachdaran agus a' seasamh an cuid chòraichean air an fhearann. Sgaoil na pàipearan Gàidhlig spiorad an dùbhlain a-measg an t-sluaigh, air an aon dòigh ri Màiri Mhòr. Ann am beachd iomadach Gall, cha robh an cànan aca fhèin aig na Gàidheil – b' e sluagh aineolach a bh' annta. Mar sin, bhathas den bheachd gum bu chòir fiosrachadh foirmeil a bhith a' nochdadh ann an cànan nan Gàidheil: co-dhùnadh a tha gu math fortanach dhuinne an latha an-diugh.

Bho 1872 air adhart, rinn an siostam ùr cron nach bu bheag air a' chànan. B' e seo àm nuair a bha luchd-labhairt na Gàidhlig mar gum biodh a' dèanamh còmhnaidh ann an saoghal eile, a' fulang fo atharraichean mòra deireadh an naoidheamh linn deug agus an fhicheadamh linn. An fheadhainn a dh'fhuirich as dèidh fhuadaichean agus eilthireachd, chunnaic iad

dòigh-bheatha a’ sìor atharrachadh agus an cànan a’ sìor chrìonadh. Ged a bha cleachdaidhean na beatha làitheil a’ dol à bith, bha na faclan fhathast air bilean an t-sluaigh. Bidh seo a’ nochdadh anns na h-irisean a bha air fàs cho lionmhor agus cho cumanta aig deireadh an naoidheamh linn deug. Dh’fhalbh faclan is abairtean thar a’ chuain cuideachd an cois nan eilthireach – bha an cànan, mar a chanadh iad, furasta a ghiùlan – agus chum luchd na Gàidhlig orra le obair-sgrìobhaidh ann an Ameireaga a Tuath, ann an Astràlia, agus, gu dearbh, air feadh an t-saoghail gu lèir.

Tha a’ mhiann seo a’ nochdadh cuideachd anns na co-fharpaisean a chuir An Comunn Gàidhealach air chois ann an 1899 airson ‘Briathrachas Teicneòlach’ (*Technical Terminology*) (LNA Acc. 13695/1, fo 3 Am Màrt 1900). Thàinig an cuspair seo am bàrr ann an saoghal poilitigs agus foghlaim ri linn a’ Phrìomhaire Uilleam Gladstone. Bha an dà chuid sàr-eòlaichean agus luchd-poilitigs a’ fàs iomagaineach gun robh eòlas saidheansail agus ionnsachadh teicneòlais air an slighe a chall ann am Breatainn an taca ri foghlam teicneòlais anns an Roinn Eòrpa. Bhiodh dùil againn gum biodh co-fharpaisean gan cumail aig a’ Chomunn airson ceòl, seinn, leughadh, aithris, seachas, agus sgrìobhaidh, cuspairean dlùth-cheangailte ri ealain a’ chànain – ach gun fhios a bhith againn air na h-atharrachaidhean co-aimsireach anns an Roinn-Eòrpa, ’s e coltas car àraid a th’ air farpais *Technical Terminology* aig a’ Chomunn Gàidhealach.

Chaidh a’ cho-fharpais a chur air bhonn an toiseach aig Mòd Dhùn Èideann, agus b’ e an t-Urr Teàrlach Robasdan (1864–1927) a choisinn a’ chiad duais le aiste agus clàr briathrachais co-cheangailte ri àiteachas, tuathanachas, ionaltradh, agus beathaichean (LNA LS 447). Tha cruinneachadh pàipearan an Robasdanaich ann an Leabharlann Nàiseanta na h-Alba aithnichte an-diugh airson an trusaidh luachmhoir de dh’ainmean-àite a rinn am ministear, a bhuin don Eaglais Shaoir Aonaichte (LNA LSS 357–483). Chan eil an t-saothair a rinn e a-thaobh faclaireachd idir cho iomraiteach an-diugh, ged a tha cruinneachaidhean tomadach againn de dhual-chainntean agus de ghnàthasan-cainnte Ghàidhlig na h-Alba a rinn e air a chuaritean timcheall nan deifir sgìrean a bha fo a chùram.

Fhreagair Teàrlach Robasdan agus dithis eile dùbhlain a chuir An Comunn Gàidhealach fo chomhar luchd na Gàidhlig ann an 1899 airson ‘Briathrachais Teicneòlach’ a thrusadh. Rèitich An Comunn an aon cho-fharpais aig Mòd Pheairt an ath bhliadhna, ach rinn iad

eadar-dhealachadh anns an darna tè. Bha iad a-nis a’ sireadh briathrachas co-cheangailte ri saothair bhoireannach, eadar uallach an cuid obrach am broinn an taighe agus na bha iad ris air an taobh a-muigh, a’ tarraing a-steach, mar eisimpleir, obair a’ chruidh cho math ri ‘banas-taighe’. Thog An Comunn am facal ‘Calanas’ mar shamhla air obair nam ban, facal a’ gabhail a-steach gach uile tionndadh ann an obair chlàimhe, le gach ceum eadar rùsgadh nan caorach agus an t-aodach deas, glan. B’ i an tairgse a chuir An Comunn am follais anns a’ Bheurla: *‘For the best Collection of Technical Terms in Gaelic for Calanas – all Wool work from the sheep to the cloth, including Native Dyes, Housewifery and Dairy Terms’* (LNA LS 444). Tha an stoidhle cho-aimsireil aca cianail inntinneach, a’ toirt seachad ìomhaigh air bean-taighe chuimseach dhleasdhanach bho linn na Bànrighinn Bhictoria.

Chaidh na ceudan de dh’fhaclan a chruinneachadh, mu shaothair an dà chuid am broinn an taighe agus taobh a-muigh. An turas-sa, b’ i Catrìona Nic ’ill-Bhàin Ghrannnd (1845–1928) a choisinn an duais. Chaidh a h-ainmeachadh aig a’ Mhòd mar ‘Mrs K W Grant, Port Elizabeth’, agus tha fhios againn gun robh Catrìona thall ann an Astràilia aig an àm mar neach-teagaisg; thill i dhachaigh ann an 1907 (LNA Acc. 9736/43). Seo dhuinn Catrìona an sgrìobhaiche, an t-ùghdair agus an tidsear a bha cho saothrachail dealasach air taobh a’ chànain, tè, dh’fhaodadh e bhith, nach d’ fhuair an t-urram air an robh i airidh, ged a dh’fhàg i againn dìleab sgrìobhaidh a tha brìoghmhor ealanta le briathrachas, am measg eile, air a tharraing bhon chultar dhùthchasach, agus tuairisgeulan air dòighean-beatha a sinnsireachd. Bha gu leòr de naidheachdan beaga aice as fhiach sùil a thoirt orra (faic an t-**Eàrr-sgrìobhadh**).

Thoisich an aithris aig Catrìona Ghrannnd le ro-ràdh agus sùil air ais:

Tha banas-tighe na mnatha Gàidhlich air atharrachadh cho mòr o cheann leth-cheud bliadhna, tha na seann chleachduinnean air dol uibhir air chùl gum feumar dol air ais gu àm ar sean-mhàthair gu fìor bhanas-tighe Gàidhealach a chur fa chomhair muinntir an là-diugh. Tha so fìor gu sonruichte a thaobh biadh agus aodach. A thaobh banarachas, am feadh nach eil e comasach ìm no càise nas feàrr fhaotainn an diugh na bh’ air a cheapaire ’shìn ar sean-mhàthair dhuinn nar n-òige – an t-ìm air a chur air leis an òrdaig – am feadh a tha e neo-chomasach uibhir mhùthaidh a thoirt mun cuairt ann an giollachd a’ bhainne, gidheadh chan ionann acfhuinn, chan ionann shoithichean, chan ionann dòighean a th’ aig a’ bhanaraich an diugh seach

mar a bh' aig bean tuathanaich, no cuachag na h-àiridh aig toiseach an linn so. 'S iad dòighean, agus briathran ar màthairichean a tha air an cur sìos anns an sgrìobhadh a leanas, c' iù 'tha iad ri fhaotainn ann an leabhraichean no nach eil (LNA LS 451).

Bha Catrìona a-mach air mar a dh'fheumadh i a dhol air ais gu àm a seanmhar agus, ri bhith a' cumail ri cliù nan sinnsirean, sgrìobh i sìos seachas bhon t-seanmhair aice a rugadh ann an 1774 ann an Latharna Ìochdrach. Bhuineadh i fhèin do theaghlach Chlann an Aba Bhàrr a' Chaistealain ann an Gleann Urchaidh, teaghlach aig an robh cliù air obair ceàird nan airm, nan claidhmhnean 's nam biodagan. Fhuair màthair Catrìona ionnsachadh math ann am fuaigheal, fighe, agus tàillearachd. Gu dearbh, 's ann a phòs i tàillear agus bha obair-cheàird an dithis aca coileanta:

Cha robh cèird a bha coitcheann 's an àm nach robh ri fhaotainn am measg nam fear, mar sin, bha gu leòr aig na mnathan r' a dhèanamh anns gach seadh 's an gabhar am facal. Gu ruige seo, cha robh an sean chaithe-beatha a bh' aig ar sinnsear air a bhriseadh suas; a chionn cha robh làmh throm an dìoghaltais air a leagadh air muinntir an àit' againne mar a bha i air an Apuinn 's air àitean eile mun cuairt, far an d' èirich an sluagh leis a' Phrionnsa (KWG 1911, 154)

Air cuspair 'Calanas', bu toil le Catrìona mìneachadh air leth a thoirt seachad air gach taobh le bhith a' gabhail ris na h-ainmean a bha air dhol air chùl, ainmean nach robh mòran den mhuinntir òig gan làn-thuigsinn na bu mhotha. Sheòrsaich i aodach mar 'breacan de na h-uile seòrsa', 'cealtair', 'clò', 'cùbhrainn', 'drògaid', 'brataichean', 'plaideachan', 'caimleid', agus 'teamain', agus thug i dhuinn mìneachadh ealanta air an aodach:

B' e an Teamain aodach grinn, cruaidh, seasmhachd air son deise chaonnta shamhraidh nam fear, agus aodach caonnta nam bànan aig àm air bith. B' ann deth a bha *cleòca* ar seanair air a dhèanamh, a bha de dhath uaine dorcha, fìor bhòidheach. Tha cuimhn' againn, mar an ceudna, air còta dheth fhaicinn, gach latha Dònach air seann choimhearsnach còir. Bha 'n Teamain air a dhèanamh de 'n olann a b' fhaide 's a bu ghrinne; bha i air a clàdadh às a' chuid eile (LNA LS 451; Grant 1901, 175).

Thàinig liostachan bho dhaoine eile leithid Nèill Rois agus Theàrlaich Robasdain fhèin (faic cuideachd LNA LS 446). Bha liosta fa leth air dusan duilleagan fo ainm-phinn ‘An Camas Mòr’, gun fhios nach do sgrìobh fireannach e (LNA LS 450). ‘S i deagh eisimpleir a th’ ann de chruinneachadh briathrachais, le 322 faclan agus abairtean ann an sgrìobhadh grinn, agus diofar fhaclan leis an aon mhìneachadh sa Bheurla. Tha an liosta fon tiotal ‘Calanas’ air neo ‘*Wool-working*’ le fo-chuspairean ‘Lomairt’, ‘Clòimh’, ‘Snìomh’, ‘Croiseadh’, ‘Tachras’, ‘Crannadh’, ‘Beirteachadh’, ‘Figheadh’, ‘Dathadaireachd’, ‘Fùcadh’ is eile, le brìgh nam faclan air a tarraing ri chèile ann an co-theacs de mhodhan obrach an àite a bhith sgapte air feadh faclair. Bhiodh dùil againn gum biodh a leithid seo de sgrìobhainn airidh air deasachadh ann an cruth leabhraich, le ùidh aig mòr-shluagh an latha an-diugh ann an aodach agus sa làimh-ciùird a tha ceangailte ris.

Tha sreath de dh’fhaclan air an liosta a tha ann an da-rìribh a’ buntainn ri teicneòlas agus a’ leigeil fhaicinn dhuinn gun robh gnìomh an aodaich cho cudromach ann an linn an tionndaidh ghnìomhachasaich. Gheibhear briathrachas leithid olann-mharchainn (*wool plucked off “dead” skins*), tlàm (*handful, “take”*), crèis na clòimhe, fallus na clòimhe (*natural oil of the wool*), fearsaid, cuigeal (*distaff*), crò na fearsaid, crò an dealgain (*the eye of the spindle*), an t-abhras, an tap, an dual (*the tuft of wool or flax on the distaff*), Ceit-leisg (*local name for a winding reel*), sgrìosagan (*a layer of thread on the clew*), gogan treisginn (*dressing dish*), garman-uchd (*breast beam*), crann-dlù (*warp beam*), moguill (*meshes or heddle eyes*), sgaradh an dlù (*the shed of the warp*), iteachan (*bobbin, spool or pirn*), eige, cathan-aodaich (*the web*), caitein a’ chlà (*the nap*), agus ascairt (*tow, coarse lint*). Aig bun an liosta tha earrann ‘Banas-tighe’ (*housewifery*) agus ‘banarachas’ (*dairy work*) ann, le cuid de dh’fhaclan nach bhuineadh cho tric gu raon obrach na mnà, mar eisimpleir, ‘nasg’, ‘clabar-nasg’ agus ‘crocach’.

Le sùil gun deidheadh an obair ullachadh ann an cruth leabhair, chuir an Robasdanach briathrachas eile ris an liosta air oirean-duilleig an siud ’s an seo, mar eisimpleir, ‘an claidheamh’ air an ‘Cuibheal Shnìomhach’ air an robh ‘an t-amadan’ agus ‘am maide siubhail’ ann an dual-chainnt sgìre Loch Bhraoin Bhig. Ri facal ‘fuaigheag’ (*thrums*), sgrìobh an Robasdanach ‘crùbag’ agus ‘crùbog’.

Sguir a' cho-fharpais ann an 1901, ach lean daoine orra le bhith a' trusadh briathrachas is abairtean. Chuir An Comunn na liostachan seo air adhart chun an Robasdanaich gus breithneachadh a dhèanamh orra. Bha e den bheachd gun deidheadh aige air leabhar a dhèanamh leotha, ceann-uidhe nach deach aige air a thoirt gu buil, ged a dh' fhoillsich e liostachan bho na làmh-sgrìobhainnean ann an iris a' Chomunn Gàidhealaich 1906 (Robertson 1906).

A thaobh beatha nam ban, cha tàinig atharrachadh air am beatha ron ghinealach mu dheireadh; gu ruige sin bhiodh iad ag obair fad na tìde bho mhoch gu dubh, agus a' leantainn orra tro dhorchadas na h-oidhche. Eadar taobh a-stigh no taobh a-muigh, cha bhiodh obair làitheil nam boireannach riamh deiseil. Bha mnathan ag obair gu cruaidh, cho fad 's as a bha a' bho ri bleoghain, uisge ri tharraing às an tobar, mòine ri buan agus ri togail, fuine ri dèanamh, agus na teaghlaichean rim biathadh madainn agus feasgar. A bharrachd air seo, bha figheadaireachd agus calanas (a' gabhail a-staigh clòimh ri dàthadh, ri snìomh, agus ri fighe) nam pàirtean cudromach de dh'obair nam boireannach sìos chun na 1950an.

Thàinig atharrachadh mòr ann am beatha bhoireannach tron fhicheadamh linn, ach air uaireannan mhair cor-intinn a bhuineadh do linntean ar sinnsirean. Tha an-còmhnaidh seanfhaclan ri làimh a chum dòighean-beatha eile air ar beulaibh, mar 'cas air creathail, 's làmh 'an cuigeil, comharradh na deagh mhnà-tighe' (Nicolson 2003, 84), air neo beachdan air 'Gnothaich Bhoireannach' a bheirte seachad bho àm gu àm, coltach ri beachd a chaidh fhoillseachadh bho bhana-sgrìobhadair ann an *Gairm*: 'Is e gnothaich na bochdainn a thug mise an seo; tha mi nas eòlaiche air an lodair na tha mi air a' pheann' (NicCodrum 1958, 171). Bha beachdan na bu mhiosa rin cluinntinn am measg Ghàidheal bho shean, cha b' i ìomhaigh a bh' ann nach deach fad 's farsaing mu 'bhanas-taighe', '... iasg ri sgoltadh, bàthach ri cartadh, obair shalach air bith ri dèanamh' na ìomhaigh ghnàthaich air gnothaichean bhoireannach (NLS MS 451).

Chan eil e na iongnadh ged a chailleadh am briathrachas, leis cho mòr 's a dh'atharraich cùisean thar nan linntean. Mar sin, tha e airidh air sealladh às ùr an-dràsta, gus misneachd a thoirt don chànan, do theaghlaichean, agus don choimhearsnachd. 'S e àm dòchasach agus inntinneach a th' againn, àm an uair a tha fàs nach beag ri fhaicinn ann am foghlam na Gàidhlig, nuair a tha buaidh na Gàidhlig anns an eaconamaidh agus ann am beatha dhaoine

a' sìor fhàs follaiseach. Le bhith a' sgrùdadh caitheamh-beatha agus beòshlaint am measg chuspairean sòisealta, tha cothrom againn a bhith a' cur taic ri oidhirpean airson ath-bheothachadh a thoirt air cànan is cultar nan Gàidheal, leasachadh a thogail ann an cuspairean Gàidhlig an latha an-diugh, agus fiù 's taic a thoirt do luchd-rannsachaidh, agus eòlaichean a bhios ri rannsachadh mhion-chànanan aig ìre eadar- nàiseanta.

Buidheachas

Bu toil leam taing mhòr a thoirt dhan cho-oibriche agam, Dr Dòmhnall Uilleam Stiùbhart, airson taic is comhairle, agus do Dr Priscilla Scott airson an fhiosrachaidh air 'Mrs K W Grant'. Tha mi cuideachd fo chomain do dh' Urrasairean Leabharlann Nàiseanta na h-Alba airson cead LNA MSS 357-483 a chleachdadh agus do Dr Ulrike Hogg airson stiùireadh le pàipearan A' Chomuinn Ghàidhealaich.

Eàrr-sgrìobhadh

Seo shìos an tairgse a chuir Catriona Nic 'Ille-bhàin Ghrannnd don cho-fharpais ann an 1901 far a bheil i a' toirt seachad eadar-mhìneachadh mun bhriathrachas às an dual-chainnt Earra-Ghàidhealaich aige fhèin, agus far an do chleachd i ainm-pinn samhlauchail 'Latharna' (LNA LS 454):

Bha 'n imideal air thoiseach air an stòp, no 'm muidhe-loinid, anns a' Ghàidhealtachd. Am bitheantas, ann an oibricheadh an imideil, bha dithis bhan a suidhe air an leapa, agus 'ga chrathadh gus an tigeadh an t-ìm. 'S e soitheach fada caol a bh' ann, air a dheanamh do chlàir; le mùdan do chraicinn deasaichte, air an ceangal air le dha-dheug toinntein do ghaoiseid. An uair a bha muinntir baile a' dol air Àiridh, bha na mnathan a' giùlan an imideil air an druim, leis an uachdar ann. Bha blàthas an cuirp, agus na grèine a cumail a' bhainne aig a' bhlàthas cheart gu ìm a thoirt air, agus an gluasad, anns a choiseachd, a' toirt an ìme air. Mar seo cha robh iad lom a tòiseachadh air obair na h-Àiridh. Bha 'n imideal a' deanamh deagh sheirbheis eile, air an rathad thun na h-àiridh. Bha spairt do 'n uachdar air a leigeadh a mach an dràs 's a rithis, air son na laoigh a thàladh gun dragh a' suas am bruthach, agus rachadh leigeadh leò an craicinn imlich, air son gun leanadh iad am bainne a bha sruthadh as an t-soitheach. B' e seo "buille imlich, latha imrich, air

imideal maol dubh”..... Bha buideal eile do ’n t-seòrsa seo aca ri linn an imideil, ris an abradh iad “an sailleir càise”. Bha ’n soitheach seo air a chumadh na bu chuinge aig an eàrrach na bha e aig a bheul. Bha na mulachagan ùr càise air an cur anns an t-sailleir, le salann eatorra, agus an dèigh luidhe ann fad dà no trì lathan, bha iad air an togail agus air an cur air leth gu tiormachadh. Feudar a ràdh an seo gun abrar “mulachag gheire” na “mulachag chaise” na ni air bith a tha do ’n seòrsa seo, mar a tha “mulachag” do shiùcar nan craobh agus mar sin sìos.

Latharna

Tùsan

Donaldson, William (1986). *Popular Literature in Victorian Scotland*. Aberdeen: Aberdeen University Press.

Durkacz, Victor Edward (1983). *The Decline of the Celtic Languages*. Edinburgh: John Donald.

Grant, K W (1901). ‘Gaelic Terms connected with Calanas, Etc’. *The Celtic Monthly*, Iml. 9, tdd. 174-75, 186-88, 237-39.

KWG [Katherine Whyte Grant] (1911). *Aig Tigh na Beinne*. Oban: Hugh MacDonald.

LNA [Leabharlann Nàiseanta na h-Alba] LSS 357-483. ‘Charles Moncrieff Robertson Collection.’

LNA Acc. 13695/1. Papers of An Comunn Gàidhealach.

LNA Acc. 9736/43. Papers of Malcolm MacFarlane.

LNA LS 444. ‘Technical terms connected with women’s work’.

LNA LS 446. ‘Collection of Technical Terms for Mòd 1900. By “Poll-Gharraidh”.’

LNA LS 447. ‘VIII Mòd 1899. Technical Terms used in Farming.’

LNA LS 450. ‘Gaelic Technical Terms. Calanas. Woolworking. “An Camas Mòr”.’

LNA LS 451. ‘Mòd Prize Paper. By Mrs. K W Grant. Port Elizabeth.’

LNA LS 454. 'Technical Terms / No.4. Di-chuimhn. Omission.'

MacBheathain, Alastair (1891). *Dàin agus Òrain Ghàidhlig le Mairi Nic-a-Phearsain*. Inbhirnis.

Mackinnon, D (1874). 'Sean Sgoil'. *An Gàidheal*, Iml. 3, tdd. 332-36.

MacLeòid, Ruairidh (1981). 'Comann nan Sgoiltean Gàidhlig'. *Gairm*, Àir. 116 (Am Foghar 1981), tdd. 332-35.

MacRury, Rev John (1897). 'Seana Bheachdan agus Seana Chleachdaidhean'. *Transactions of the Gaelic Society of Inverness*, Iml. 21 (1896-1897), tdd. 368-79.

NicCodrum, Maireid (1958). 'Gnothaich Bhoireannach'. *Gairm*, Àir. 26 (An Geamhradh 1958), tdd. 171-74.

Nicolson, Alexander (2003). *Gaelic Proverbs*. Edinburgh: Birlinn.

Robertson, Rev C M (1899). 'Skye Gaelic'. *Transactions of the Gaelic Society of Inverness*, Iml. 23 (1898-1899), tdd. 54-89.

Robertson, Charles M (1906). 'Gaelic Technical Terms'. *An Deo-Ghrèine*, Iml. 1 (1905-1906), tdd. 84-86.

[Robertson, Charles M] (1908). 'Technical Terms connected with Women's Work'. *An Deo-Ghrèine*, Iml. 3 (1907-1908), tdd. 94-95, 114-15, 151-52, 180-82.

Scott, Priscilla (2013). 'Women in the Gaelic Movement, 1886-1914.' Tràchdas PhD, gun fhoillseachadh, Oilthigh Dhùn Èideann.